

Ainm: Michael MacAoidh
Buidheann: An Comunn Gaidhealach Aimeaireagaidh

A bheil sibh ag aontachadh leis an làirsinn a tha anns an dreachd Plana?:

Tha, ach chan eil mi dhe'n bheachd gu bheil sibh air a dhol fada gu leòr. Feumaidh gnìomhachas a thighinn a-steach air a' phlana seo nas motha. Feumaidh comhradh a bhith ann air cò às a tha taic airgid gu bhith tighinn, agus chan ann bho'n riaghaltas a bu chòir dhan a h-uile biod dhe a bhith tighinn. Ciamar a tha a' Ghaidhealtachd a' dol a thòiseachadh air airgead a chruthachadh agus a chosg oirre fhèin?

Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, a bheil na pròiseactan roinneil a thatar a' moladh riatanach do na h-amasan airson 2012? Mura h-eil, ciamar nach eil?:

Mar a sgrìobh mi, tha na pròiseactan riatanach, ach tha tòrr eile ann a bhios riatanach cuideachd.

Ciamar a thèid airgead a thogaid agus a chosnadh a thaobh a' phlana?

Ciamar a bhios aire an t-saoghal ga tharruing a-steach air cultar nan Gaidheal gus am bi iad mothachail air Gàidhlig mar chànan luachmhor?

Ciamar a bhios daoine aig a bheil sinnsearan Gaidhealach gan toirt a-steach dhan chànan agus chultar gus am biodh miann ann an dà chuid ionnsachadh agus gan deanamh mar phàirt dhe'm beatha?

A bheil na builean airson an fichead raon agus na prìomhachasan airson dèiligeadh leotha air am mìneachadh gu ceart agus ann an òrdan freagarrach? Mura h-eil, ciamar nach eil?:

Tha sin uileadh gan roinn gu math, ann an dòigh ghleansach a bu chòir a bhith aig foillseachadh sam bith mar seo.

Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, dè na pròiseictan a tha, nur beachd-se, riatanach gus na prìomhachasan sin a choileanadh (tha eisimpleirean cheistean ann an Eàrr-sgrìobhadh I)?:

Chan eil dad agam ri ràdh mu dheidhinn seo.

An iad na buidhnean freagarrach a tha air an comharrachadh mar phrìomh bhuidhnean ann an coileanadh nam prìomhachasan sin?:

Tha mi smaoinichadh gu bheil, ach feumar sùil a thoirt air barrachd gus faighinn a-mach cò eile a bhiodh feumail los gum bi cuideachadh gu leòr ann.

Ma tha sibh a freagairt às leth buidhinn, ciamar a tha sibh gur faicinn fhèin a' cur ri soirbheachd a' Phlana Nàiseanta?:

Tha mi faicinn iomadach dòigh airson cur ri, agus cuideachadh air soirbheachd a' Phlana a thighinn gu teachd. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil rudan mar blogaichean air an eadar-lìon riatanach, neo feumail, mar a tha podchraolaidhean (mar a tha sinne bhos a seo a' deanamh), agus filmichean, agus rudan a bhiodh daoine aig a bheil Gàidhlig a' cleachdadh airson sealltainn dhan t-saoghal gu bheil an cànan beò, agus airson aodannan a chur ri iomhaidh na Gàidhlig gus am faic daoine bho'n taobh a-muigh cò sinne. Mar sin, bhiodh e uamhasach math nan robh cuideachadh ga thoirt dhan Ghaidheil airson blogaichean agus podchraolaidhean a chruthachadh. Chan eil iad sin doirbh, ach feumar taic comhairle agus beagan a dh'airgead a chur ann gus sin a bhrosnachadh. Feumaidh àite ann anns a' phlana airson rudan mar seo a thoirt gu buil.

A bheil beachdan sam bith eile agad mun dreachd Phlana?:

Mar phlana, 'se deagh thòiseachadh a th'ann, chanainn. Ach chan ann bho phlana, ge bri gu de cho math no cho gleansach a tha e, a tha atharrachadh agus buil a' tighinn, mar a tha fios agaibh uile. Bhiodh e glè mhath faicinn mar a tha an ath-cheum a' dol. Dè seòrsa iomairt a tha gu bhith ann - gu puingeal? Mar eiseimpleir, chòrdadh e rium rudeigin mar "Ann an 2007, bidh buidheann X a' cur farpais air bhonn airson cò a dheanadh film neo-eiseimeileach nas fheàrr ann an Gàidhlig air cuspair sam bith, gus an cur buidheann X am film a-steach fo chomhair Cannes (neo fèis film sam bith eile)" Cha chosg e mòran sin a dheanamh, agus gheibh sibh fiosrachadh air cò air a bheil na sgilean sin, no cò a bhiodh airson rudan amr sin a dheanamh...

Ach co-chiù, bhiodh e math beagan a bharrachd a shuspaint fhaicinn; mura h-e am Plana an t-àite ceart airson sin a shealltainn, ann an àite eile a tha ceangailte ris a' phlana.

Tha mi toilichte na beachdan agam fhoillseachadh gu poblach: Tha

Tha mi toilichte m' ainm agus mo sgìre fhoillseachadh gu poblach: Tha